

<b>TIOTAL-OBACH</b>	<b>Rùnaire a' Bhùird</b>
<b>ROINN</b>	Rianachd is Ionmhais
<b>AN URRA RI</b>	Cathraiche a' Bhùird
<b>UALLACH AIRSON</b>	-
<b>SGÈILE THUARASTAIL</b>	J29-J32 (bho £27k)
<b>UAIREAN OBRACH</b>	0.6 FTE
<b>PRÌOMH ÀITE-OBACH</b>	Sabhal Mòr Ostaig, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8QR

### **PRÌOMH AMAS NA H-OBACH**

Tha uallach sònraichte air Rùnaire a' Bhùird comhairle agus taic a thoirt don Bhòrd mu ghnòthaichean riaghlaidh. Bu chòir dhan Rùnaire a leithid a chomhairle a thoirt don Bhòrd agus don Bhuidhinn Ghnìomh.

Bidh an Rùnaire a' cur taic ris a' Chathraiche agus ris a' Phrionnsapal ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a' faighinn fiosrachadh mionaideach, iomchaidh agus aig àrd-ìre ann an deagh àm gus am bi cothrom aig a' Bhòrd dòighean-obrach agus amasan na Colaiste a sgrùdadh gu h-èifeachdach. Bidh an Rùnaire a' cumail taic ris a' Chathraiche, a' Phrionnsapal agus a' Bhuidhinn Ghnìomh gus cumail ri feumalachdan agus laghadh riaghlaidh nan Colaistean agus an Riaghaltais.

Bidh e an urra ri Rùnaire a' Bhùird comhairle neo-eisimeileach, air a deagh rannsachadh agus gun taobhadh a thoirt do Bhuill agus cumaidh iad taic ris a' Bhòrd ann a bhith gan luachadh fhèin.

'S e dreuchd riatanach a tha seo taobh a-staigh na Colaiste agus tha e cudromach gum bi dàimh-obrach mhath eadar an Rùnaire agus Luchd-stiùiridh na Colaiste.

### **PRÌOMH UALLACHAIDHEAN**

#### **Comhairle**

2.1 Comhairle a thoirt don Bhòrd agus do Chomataidhean a' Bhùird a thaobh deagh riaghlaidh, gus am bi buill a' Bhùird:

- (a) a' cleachdadh an cumhachdan ann an dòigh iomchaidh, gu h-àraidh a thaobh laghan agus stiùireadh an Riaghaltais
- (b) a' leantainn agus a' coileanadh Aontaidhean Ionmhais leis a' Chomhairle Mhaoineachaidh, Còd Riaghlaidh nan Colaistean agus Sgeama Rèiteachaidh is Rianachd na Colaiste
- (c) a' leantainn modhan-obrach agus Còd Giùlan a' Bhùird

2.2 A' toirt comhairle shoilleir don Chathraiche, don Bhòrd agus do Chomataidhean mu dhraghan sam bith a tha th' aca ri linn nach d' fhuairesas:

- (a) gu leòr fiosrachaidh
- (b) fiosrachadh ann an seagh freagarrach
- (c) ùine iomchaidh airson beachdachadh agus cnuasachadh air cuspair gus an gabhadh co-dhùnadh a dhèanamh ann an dòigh iomchaidh

2.3 Dèiligeadh ri suidheachadh far am biodh am Bòrd ag obrachadh taobh a-muigh an cumhachdan, no an aghaidh math na Colaiste no ann an cunnart a bhith ag obrachadh ann an dòigh mhì-laghail

*Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig*

2.4 Cùm suas ri leasachaidhean cholaistean gu nàiseanta agus poileasaidhean an Riaghaltais mar a bhiodh iomchaidh agus thoir gu aire a' Chathraiche agus a' Phrionnsapail gnothach sam bith a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air a' Cholaiste

2.5 Cuir air dòigh comhairle phroifeasanta ann an dòigh neo-eisimeileach far am bi seo a dhith agus dèan rannsachadh às leth a' Bhùird le fiosrachadh mionaideach a' tilleadh thuca far am bi feum air

2.6 Dèan cinnteach gu bheil na sgrìobhainnean uile co-cheangailte ri riaghladh corporra air an ùrachadh cho tric 's a dh'fheumas (m.e. Sgeama Rèiteachaidh is Rianachd na Colaiste, Còd Giùlan, Comasan Chomataidhean agus Clàran Ùidhean) agus air an glèidheadh ann an dòigh iomchaidh agus nach tèid cùisean fhoillseachadh gun chead a' Bhùird

2.7 Ullaich dreachan de phàipearan is litrichean às leth a' Chathraiche

### **Buill**

3.1 Stiùir pròiseas trusaidh Buill a' Bhùird, a' dèanamh cinnteach gu bheil am Bòrd mothachail den Stiùireadh nàiseanta agus gu bheil fiosrachadh air a chumail ri Buill

3.2 Lean dòighean-obrach iomchaidh airson taghaidhean sam bith a thèid a chumail do Bhuill ùra

3.3 Dèan cinnteach gu bheil buill freagarrach a thaobh reachdas na dùthcha

3.4 Ullaich agus sgaoil cùmhnantan a' mìneachadh uallaichean bhall airson Buill a' Bhùird

3.5 Cùm taic ris a' Bhòrd ann a bhith a' trusadh Prionnsapal ùr, agus far am bi e iomchaidh, luchd-stiùiridh ùr

### **Inntrigidh, Trèanadh agus Leasachadh**

4.1 Dèan sanasachd air Inntrigeadh Nàiseanta do Bhuill ùra agus cùm fiosrachadh air frithealadh agus trèanadh bhall

4.2 Stiùirich prògram inntrigidh a tha sònraichte don Cholaiste do bhuill agus a bhios a' dèiligeadh ri feumalachdan a' Bhùird

4.3 Cùm taic ris a' Chathraiche le bhith a' cur air dòigh prògram leantainneach de thrèanadh don Bhòrd, a' togail air feumalachdan sònraichte bhall, atharrachaidhean nàiseanta agus gnothaichean eile na Colaiste no nàiseanta

4.4 Gabh pàirt ann an leasachadh dreuchdail leantainneach airson a bhith cinnteach gu bheil an t-eòlas iomchaidh agad aig àm sam bith

### **Giùlan aig Coinneamhan Bhòrd**

5.1 Dèan cinnteach gu bheil clàran-gnothaich, pàipearan agus gearr-chunntasan air an ullachadh agus air an sgaoileadh a rèir riaghailtean na Colaiste

5.2 Bi an làthair no co-dhiù sùil a chumail air coinneamhan Bhòrd is Comataidhean a' Bhùird, a' dèanamh cinnteach gu bheil frithealachd air a clàradh, gearr-chunntas iomchaidh air a chlàradh agus comhairle a thaobh mhodhan-obrach ri fhaighinn far a bheil feum

*Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig*

5.3 A' leantainn choinneamhan, dèanamh cinnteach gun tèid co-dhùnaidhean a' Bhùird is nan Comataidhean a sgaoileadh chun nan daoine iomchaidh agus gun tèid fiosrachadh as ùire a thoirt don Bhòrd gus sùil a chumail air adhartas

5.4 Cùm taic ris a' Bhòrd ann a bhith a' dèanamh fèin-luachadh bliadhnail

5.5 Ullaich clàr bliadhnail de choinneamhan (a' gabhail a-staigh làithean ro-innleachd is leasachaidh far a bheil seo iomchaidh) agus a' sgaoileadh an fhiosrachaidh seo ann an deagh àm (an co-bhonn ri Rùnaire a' Phrionnsapail)

5.6 Cuir air dòigh gum bi fiosrachadh iomchaidh mun Bhòrd air làrach lìn na Colaiste

5.7 Cuir air dòigh gun tèid pàipearan aontachadh agus glèidheadh mar bu chòir a rèir riaghailtean na Colaiste

5.7 Dèan cinnteach gun tèid pàipearan a' Bhùird fhoillseachadh a rèir riaghailtean coitcheann FOI

### **Coitcheann**

6.1 Cuir do làmh ri cosgaisean bhall agus dèan cinnteach gu bheilear a' leantainn modhan-obrach na Colaiste

6.2 Uallaichean agus dleastanasan sam bith eile mar a bhios iomchaidh

6.3 A bhith a' leantainn riaghailtean slàinte is sàbhailteachd

6.4 A' coileanadh agus a' leasachadh deagh-ghnè na Colaiste

6.5 Obair iomchaidh sam bith eile a dhèanamh mar a bhios feum aig a' Cholaiste bho àm gu àm.

*Seo tuairisgeul air an obair mar a tha e. Sa chumantas thèid beachdachadh air seo bho àm gu àm gus dèanamh cinnteach gu bheil e iomchaidh agus gus atharrachaidhean sam bith a dhèanamh. Thèid seo a dhèanamh leis an neach-obrach agus a' mhanaidsear aige/aice agus mar sin thathas a' sùileachadh gun gabhar pàirt anns na còmhraidhean seo. Tha Sabhal Mòr Ostaig ag iarraidh gun gabh cùisean aontachadh leis gach neach ach far a bheil seo do-dhèante, tha còraichean aig Sabhal Mòr Ostaig air atharrachaidhean ciallach a dhèanamh a rèir tuarastal an neach-obrach às dèidh bruidhinn ris/rithe mun chùis.*

*Am Faoilleach 2019*

*Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig*

## **SONRACHADH PEARSA**

### **Foghlam is Teisteanasan**

- Bidh ceum agad
- Bidh eòlas agaibh air riaghladh corporra
- Bidh tuigse agaibh air mar a bhios Bòrd ga ghiùlan fhèin
- Bidh tuigse agaibh air mar bu chòir buill an ghiùlan fhèin ann an saoghal poblach

### **Eòlas**

- Ag obair le Bùird
- A' toirt seachad comhairle mu riaghladh corporra agus gnothaichean eile, agus na b' fheàrr buileach taobh a-staigh ionad foghlaim
- Ag obair aig àrd ìre far a bheil breithneachadh agus co-dhùnidhean toinnte rin dèanamh

### **Sgilean**

- Comas fiosrachadh mionaideach a chur a-mach ann an dòigh shoilleir, sgiobalta
- Sgilean pearsanta agus conaltraidh math
- Comasan treibhdhireach, co-rèiteachaidh agus breithneachaidh,
- Comasach a bhith neo-thaobhach agus neo-eisimeileach
- Comas a bhith ag obair ri cinn-ùine agus a' cur phrìomhachasan romhad gus an gabh rudan a chrìochnachadh ann an àm
- Nad bhall èifeachdach de sgioba agus comasach air obrachadh gun mòran stiùiridh
- Sàr sgilean planaigh agus rianachd
- Fiosrachadh a chumail dìomhair
- Sùil mhionaideach is gheur
- Fìor mhath air gearr-chunntais a sgrìobhadh
- Sgilean ICT mar a bhios iomchaidh don phost

### **Sùbailteachd**

- Comas a bhith sùbailte, a' gabhail a-staigh àireamh uairean-obrach a rèir choinneamhan is clàr choinneamhan a' Bhùird is nan Comataidhean. 'S dòcha gum bi beagan obair ri dhèanamh air an oidhche airson taic a chumail ris na coinneamhan gu lèir.

*Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig*

**Fiosrachadh Cudromach Eile:**

- Bithear ag obair co-dhiù 21 uair san t-seachdain
- Bho àm gu àm bidh obair oidhche ri dhèanamh agus dinnearan a' Bhùird ri fhrithealadh
- Chan fheumar a bhith stèidhichte sa Cholaiste san fharsaingeachd airson na dreuchd seo ach bidh sibh an làthair aig coinneamhan a' Bhùird is Chomataidhean.
- Gheibhear 35 saor-làithean sa bhliadhna (pro rata) - a' ruith bho 1 Faoilleach – 31 Dùbhlachd) a' gabhail a-staigh 10 aig àm na Nollaige agus Saor-làithean Poblach
- Ann a bhith a' cuideachadh luchd-obrach le an cuid leasachaidh phearsanta, comasan obrach agus feumalachdan trèanaidh, gheibhear measadh obrach gach bliadhna le Cathraiche a' Bhùird.
- Feumar seiseanan trèanaidh riatanach a fhrithealadh agus coinneamhan mar a bhios iomchaidh. Gheibhear fiosrachadh ron àm.
- Tha Sabhal Mòr Ostaig làn taiceil a thaobh leasachadh na Gàidhlig agus gheibhear a h-uile cothrom ur cuid comasan cànan a leasachadh
- Tha sgeama pheinnsein aig a' Cholaiste
- Mus tèid ur fastadh bidh agaibh ri dhol tro sgeama PVG agus thèid iarraidh air teisteanasan

**Iarrtasan: ro 31 am Faoilleach 2019**

*Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Shabhal Mòr Ostaig*

### Amas na Colaiste

Tha Sabhal Mòr Ostaig airson a bhith na shàr ionad aig cridhe leasachaidhean ann an cànan agus dualchas nan Gàidheal le bhith a' tairgsinn deagh chothroman foghlaim, trèanaidh agus rannsachaidh tro mheadhan na Gàidhlig agus le bhith a' dol an sàs gu h-innleachdach còmhla ri daoine eile, luchd-gnìomhachais agus a' choimhearsnachd air fad gus leasachaidhean sòisealta, dualchasach agus eaconamach a chur air adhart.

### Fiosrachadh mun Cholaiste

Tha àrainn oideachaidh air leth aig Sabhal Mòr Ostaig. Tha na cùrsaichean agus a' Cholaiste gu lèir gan ruith tro mheadhan na Gàidhlig - an aon Cholaiste den t-seòrsa seo an Alba. Tha a' Cholaiste ann an Slèite anns an Eilean Sgitheanach, sgìre a tha ainmeil airson bòidhchead na h-àrainneachd.

Chaidh a' Cholaiste a stèidheachadh ann an 1973 agus bhon uair sin tha i air cliù a chosnadh air feadh an t-saoghail mar ionad airson cànan agus cultar na Gàidhlig. 'S e colaiste spèisealta a th' innte, a' tabhann foghlam àrd-ìre, foghlam leantainneach agus cothroman rannsachaidh. Tha Sabhal Mòr Ostaig mothachail air cho cudromach 's a tha bunait làidir airson a' chànain, a' chultair agus nan ealan agus tha e an sàs ann an iomadh pròiseact gus seo a thoirt air adhart.

'S e colaiste ùr-ghnàthach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig agus tha e na chom-pàirtiche acadaimigeach air OGE nam Mìle Bliadhna. Tha goireasan ionnsachaidh air leth ann, leabharlann sònraichte fhèin math agus tha àiteachan-fuirich agus ionad cùraim chloinne air an àrainn.

Aig a' cheart àm, tha còrr is 100 oileanach clàraichte air cùrsaichean làn-thìde, mu 350 air cùrsaichean air astar agus bidh suas ri 1,000 oileanach a' clàradh air cùrsaichean goirid gach bliadhna. Bidh deagh mheasgachadh de dh'oileanaich a' tighinn don Cholaiste, aig diofar aoisean agus às diofar àiteachan. 'S ann às Alba agus an Rìoghachd Aonaichte a bhios a' mhòr-chuid ach tha oileanaich air tighinn thugainn às na Stàitean Aonaichte, dùthchannan Eòrpach agus Àisia cuideachd.

Tha luchd-ceumnachaidh an t-Sabhail air a dhol air adhart gu dreuchdan Gàidhlig ann an iomadach gnìomhachas, a' cur nan sgilean aca gu feum ann an leasachadh a' chànain.

'S e stèidheachd ionnsachaidh bheothail, adhartach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig, a bhios ag amas air coimhearsnachd Ghàidhlig làn mhisneachd is soirbheachais a bhrosnachadh. Bidh fàilte chridheil romhaibh ann.

### Barrachd Fiosrachaidh

Airson barrachd fiosrachaidh mun Cholaiste, theirigibh gu [www.smo.uhi.ac.uk](http://www.smo.uhi.ac.uk) no, ma tha ceistean sònraichte agaibh, cuiribh fòn no post-d gu Nicola NicThòmais, 01471 888 301 no [obair@smo.uhi.ac.uk](mailto:obair@smo.uhi.ac.uk).

*Tha co-ionannachd chothroman aig cridhe Sabhal Mòr Ostaig*